

**A dh'eisteachd ri fuaim,**  
**A mholaidh th' aig sluagh a chuit.**

'N uair dhealruicheas Criosd,  
 'Na thigheachd a ris,  
**A chruiinneach na 'in firéan suas :**  
 'N sin bheir thu do leum,  
 Thoirt coinneamh dha fein,  
 Mar iolar nan speur aig luaths.

'N uuir dh'eireastu 'n aird  
 Grad chuiridh ort failt.  
**A mhealltuinn a chairdeas fein,**  
 Gun dealach' gu brath,  
 R'a chomunn no ghradh,  
**A steach ann am Parras De.**

Fhir chluinneas mo Dhan,  
 Dean aithreachas tra,  
 'M feadh mhaireas dō shlaint 's do bheachd;  
 Mu'n d'thig ort am bas,  
 Nach leig thu gu brath,  
 Air geata nan gras a steach.

### **AN GEAMHRADH.**

**Do theirig an samhradh,**  
 'S tha 'n geamhradh teachd dlu oirne,  
 Fior namhaid na chinneas,  
 Teachd a mhilleadh ar duthcha :